

**PLANA GÀIDHLIG CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD 2012-2016**

**DREACHD CHO-CHOMHAIRLE**

**FACAL TOISICH**

**Bho Neach-gairm Chomhairle na Gàidhealtachd agus Cathraiche Comataidh Gàidhlig na Comhairle**

**Clàr-innse**

**Pàirt 1 Ro-ràdh**

**Pàirt 2 An Co-theacsa Nàiseanta**

**Pàirt 3 Co-theacsa Chomhairle na Gàidhealtachd**

**Pàirt 4 Comhairle na Gàidhealtachd – Libhrigeadh a thaobh na Gàidhlig**

**Pàirt 5 Gnìomh airson Fàs – na Sia Cuspairean sa Phlana**

**Pàirt 6 A’ Libhrigeadh agus a’ Goireasachadh a’ Phlana**

**Pàirt 7 Ag Ath-bhreithneachadh agus a’ Cumail Sùil air Buileachadh a’ Phlana**

**Pàirt 8 Beag-fhaclair**

**Pàirt 9 Duilleagan-gnìomha airson nan Sia Cuspairean sa Phlana**

## PÀIRT 1 RO-RÀDH

Tha dealas aig Comhairle na Gàidhealtachd do bhith a' brosnachadh agus a' fàs foghlam, cànan agus cultar na Gàidhlig san àm ri teachd. Dheasaich a' Chomhairle a' chiad Phlana Gàidhlig reachdail ann an Alba ann an 2007 fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, agus tha an dàrna Plana Gàidhlig seo a' togail air mòr-mhiann agus buileachadh a' chiad Phlana sin.

Tha am Plana seo cuideachd a' togail air na bunaitean a chaidh a stèidheachadh roimhe ann a bhith a' brosnachadh dà-chànanas tro Fhoghlam Gàidhlig agus tha e ag amas air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig a thoirt am meud. Tha am Plana a' comasachadh ìomhaigh nas àirde airson na Gàidhlig am measg a' phobaill; tha e ag amas air ceangalan làidir agus seasmhach fhàs eadar a' Ghàidhlig ann an sgoiltean agus cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil. Thathar cuideachd an dùil gun cuir na Gnìomhan a tha sa Phlana seo fìor thabhartas ri amas an Riaghaltais gum broснаich sinn togail, cleachdadh agus inbhe na Gàidhlig le amas dèanamh cinnteach, ro 2021, gu bheil a' cho-roinn de luchd-labhairt na Gàidhlig air ais suas aig ìrean 2001.

'S i Comhairle na Gàidhealtachd an solarai che as motha de dh'Fhoghlam Gàidhlig. Tha i cuideachd a' cur raon farsaing gnìomhan leasachadh Gàidhlig air dòigh sa choimhearsnachd, do dhaoine òga agus do dh'inbhich. Tha eachdraidh chliùiteach aig a' Chomhairle cuideachd ann a bhith a' toirt taic do earrannan nan ealan, nam meadhanan agus an dualchais Ghàidhlig. Tha i air iomadh tachartas cultarail a chruthachadh, a bhrosnachadh, a chumail suas agus a mhaoineachadh. Tha i air cuideachadh gus Fèisean a stèidheachadh is a libhrigeadh cuideachd, agus tha iad seo air ìomhaigh na Gàidhlig a thogail gu mòr, is air buannachdan eaconamach cudromach a thoirt dhan sgìre.

Air sgàth meud a dealais, tha a' Chomhairle airson obrachadh le com-pàirtichean gus gnìomhan a libhrigeadh a chuireas ri agus a leudaicheas a cuid obrach fhèin ann a bhith a' brosnachadh agus a' neartachadh cultar na Gàidhlig, ann a bhith a' cumail suas agus a' togail Foghlam Gàidhlig, agus ann a bhith a' sireadh chothroman ùra airson leasachadh eaconamach a thaobh na Gàidhlig. Tha a' Chomhairle cuideachd a' creidsinn, air sgàth na h-aimsir fiosgail ris a bheil dùil thar beatha a' Phlana, gum bu chòir do dh'ùghdarrasan poblach agus an com-pàirtichean libhrigidh dòighean mac-meamnach agus innleachdach a lorg gus eòlas agus stòrasan a cho-roinn, agus a' bhuannachd as motha fhaighinn às iomairtean Gàidhlig.

Tha a' Chomhairle airson dèanamh cinnteach gu bheil am Plana seo ruigsinneach agus furasta a thuigsinn, gu bheil na gnìomhan a tha air an gabhail a-steach ann soilleir, gun gabh iad tomhas agus coileanadh, gu bheil iad so-dhèanta, agus gun gabh iad libhrigeadh taobh a-staigh beatha a' Phlana. A bharrachd, tha e riatanach gu bheil am Plana sùbailte, gu bheil e comasach freagairt air atharrachaidhean suidheachaidh agus leasachaidh taobh a-staigh a bheatha, agus gu bheil e comasach freagairt air cothroman a tha a' feumachdainn sùbailteachd ann an dòigh-obrach no libhrigidh.

## PÀIRT 2 AN CO-THEACSA NÀISEANTA

Tha Earrann 2 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur ìmpidh air Bòrd na Gàidhlig "Plana Gàidhlig nàiseanta ullachadh agus a chur fa chomhair nam Ministearan Albannach, agus am Plana ath-leasachadh an taobh a-staigh de 5 bliadhna às dèidh dhan chiad riochd nochdadh." Tha Plana Gàidhlig na Comhairle air a cho-thaobhadh ri, agus a' cur ris, na mòr-mhiannan agus na targaidean a tha ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 a gheibhear **an seo (ceangal-lìn)**.

Tha suidheachadh na Gàidhlig cugallach agus ma tha àm ri teachd seasmhach gu bhith aig a' chànan, feumar oidhirp a cho-òrdanachadh agus goireasan a stiùireadh gu ruige gnìomhan agus builean aontaichte. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 a' mìneachadh nan gnìomhan agus nam builean nàiseanta seo agus mar a thèid an cur an gnìomh. Bidh seo a' gabhail a-steach com-pàirteachas nàiseanta eadar Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Ùghdarrasan Ionadail agus iomadh buidheann phoblach, shaor-thoileach is phrìobhaideach eile, a bharrachd air daoine fa leth air feadh na h-Alba. 'S e e targaid an Riaghaltais gun seall Cunntas-sluaigh 2021 gu bheil an t-àrdachadh ann an àireamh luchd-labhairt òga a' leantainn is gun seall Cunntas-sluaigh 2031 gu bheil àireamh an luchd-labhairt uile air a bhith mun aon ìre rè nan deich bliadhna. Ga chur ann am faclan eile, 's e an t-amas an àireamh dhaoine a' bruidhinn na Gàidhlig a dhèanamh seasmhach le bhith a' togail an reat aig am bi luchd-labhairt ùra a' tighinn an àite an luchd-labhairt Gàidhlig (mar as trice nas sine) a thathar a' call.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 a' toirt air adhart lèirsinn a' chiad Phlana Nàiseanta airson àm ri teachd seasmhach airson na Gàidhlig mar "chànan fallain, beothail a tha air a cleachdadh, agus air a bheil luach is inbhe air a chur, barrachd is barrachd ann an Alba ioma-chultarach is ioma-chànanach an latha an-diugh." Tha trì amasan farsaing aige:

- stad a chur air a' chrìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba le bhith a' cruthachadh barrachd luchd-labhairt ùra;
- cur ris na suidheachaidhean sa bheil a' Ghàidhlig air a cleachdadh, a rèir prìomh phrionnsapal Achd na Gàidhlig a tha ag iarraidh co-ionannachd meas airson na Gàidhlig agus na Beurla; agus
- luchd-labhairt na Gàidhlig – an dà chuid luchd-ionnsachaidh agus luchd-labhairt dùthchasach – a chuideachadh gu bhith a' toirt air adhart an comas anns a' Ghàidhlig agus am misneachd ann a bhith ga cleachdadh, agus dèanamh cinnteach gum mair a' Ghàidhlig na cànan a tha fallain agus beothail.

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig cuideachd ag amas air cur ri Comharran Coileanaidh Nàiseanta an Riaghaltais agus tha e cuideachd a' ceangail tromhpa gu Aonta Buil Shingilte na Comhairle. 'S e ceangal cudromach a tha san dàrna Phlana seo sa chom-pàirteachas nàiseanta gus gnìomhan agus builean Phlana Nàiseanta na Gàidhlig 2012-2017 a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' toirt seachad prìomhachasan roinneil Chomhairle na Gàidhealtachd fhèin ri taobh nam mòr-mhiannan nàiseanta.

### **PÀIRT 3 CO-THEACSA CHOMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD**

Mar a chaidh innse san ro-ràdh, b' e Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2007-11 a' chiad Phlana a chaidh a dhèanamh is a chur fa chomhair Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh am Plana sin aontachadh sa Chèitean 2008, agus tha Earrann 7 den Achd a' mineachadh gu bheil e mar riatanas gun tèid am Plana Gàidhlig ath-sgrùdadh, gun a bhith nas anmoiche na còig bliadhna bhon cheann-latha air an deach am Plana roimhe aontachadh.

Bha mion-amasan mòr-mhiannach sa chiad Phlana agus bha dùbhlain làidir na lùib a thaobh a bhith gam buileachadh. Tha mòran de na mòr-mhiannan a bha sa chiad Phlana a thaobh na Gàidhlig ann an seirbheisean na Comhairle a-nis nam pàirt àbhaisteach de phoileasaidh is de chleachdadh air an taobh a-staigh. Tha an dàrna Plana seo a' togail air soirbheasan a' chiad Phlana, agus bidh na dùbhlain agus na leasain a thàinig am bàrr nan slatan-tomhais luachmhor airson 2012-16.

Tha a' Chomhairle air obrachadh gu dlùth le Bòrd na Gàidhlig ann a bhith ag ullachadh a' Phlana, is gus dèanamh cinnteach gun deach eileamaidean riatanach sam bith bho Phlana 2007-11, mar a chomharraicheadh le Oilthigh Chailleannach Ghlaschu, a ghiùlan thairis gu 2012-16. Thèid am Plana seo a stiùireadh agus a sgrùdadh mar aon de sgrìobhainnean coileanadh corporra na Comhairle agus bidh Comataidh Ghàidhlig ro-innleachdail na Comhairle a' cumail ceannas air. A bharrachd, cuiridh am Plana ri gnìomhan agus toraidhean gus Comharran Coileanaidh Nàiseanta an Riaghaltais a bhuileachadh, tro Aonta Buil Shingilte na Comhairle agus na targaidean a tha air am mineachadh ann am Planaichean Seirbheis na Comhairle.

### **PÀIRT 4 COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD – LÌBHRIGEADH A THAOBH NA GÀIDHLIG**

Suidhichte taobh a-staigh Seirbheis an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs, tha Sgioba Ghàidhlig na Comhairle a' gabhail a-steach Manaidsear Leasachadh Gàidhlig, Oifigear Leasachadh Gàidhlig, Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh, Neach-cuideachaidh Stòrasan Gàidhlig, Neach-cuideachaidh Rianachd Gàidhlig agus dà Oifigear Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd Gàidhlig (co-ionnan ri làn-ùine). Thathar an dòchas dreuchd bhàn Oifigear Leasachadh Foghlam Gàidhlig a lionadh tràth sa Phlana seo. Tha a' Chomhairle a' cosg iomlan de £3.67M air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus Leasachadh Gàidhlig. A bharrachd, tha maoinachadh com-pàirteachais bho Riaghaltas na h-Alba air a thoirt seachad tro cho-mhaoineachadh de £975000 ann an 2011-12 airson Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean. Bidh a' Chomhairle cuideachd a' libhrigeadh phròiseactan le maoinachadh pròiseict com-pàirteach bho Bhòrd na Gàidhlig, air stèidh riaghailteach.

Bha seisean sgoile 2010-11 a' comharrachadh 25 bliadhna de sholar Foghlam Gàidhlig le Comhairle na Gàidhealtachd, agus san àm seo tha a' Chomhairle air dealas agus goireasan susbainteach a chur ri Foghlam Gàidhlig agus ri bhith a' fàs na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan. Libhrig a' Chomhairle ciad Phlana Gàidhlig na dùthcha fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrig i a' chiad Bhun-sgoil uile-Gàidhlig, a thogadh airson an adhbhair sin fhèin, ann an Alba – Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis. Shoirbhich cho mòr leis an sgoil is gun tàinig air a' Chomhairle leudachadh a chur ris an togalach ann an 2010, ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba.

Aig toiseach an dàrna Plana seo, tha na leanas aig a' Chomhairle: (Na figearan air an soilleireachadh gu h-ìosal ri dhol a-steach às dèidh toraidhean Cunntas-sluaigh nan Sgoiltean san Dàmhair 2011).

- 19 sgoil-àraich tro mheadhan na Gàidhlig agus 4 ionadan com-pàirteach a' solarachadh foghlam Gàidhlig ro-sgoile airson còrr is 430 leanabh aois trì agus ceithir;
- 21 Bun-sgoil a' toirt FMG do XX sgoilear;
- XX sgoilear ann an XX sgoil a' faighinn Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean (LGBS);
- 12 Àrd-sgoil a' tabhann chlasaichean Gàidhlig (luchd-labhairt fileanta), no a' teagasg chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig, do XX sgoilear; agus
- 13 Àrd-sgoil a' tabhann chlasaichean Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig do XX sgoilear

Sa cho-theacsa nàiseanta, tha meud dealais na Comhairle do dh'fhoghlam a-mhàin ri fhaicinn ann an staitistig Bòrd na Gàidhlig airson 2010-2011. Sheall iad seo gun robh Comhairle na Gàidhealtachd a' solarachadh:

- 33% de chlann Ro-sgoile FMG na h-Alba;
- 32% de sgoilearan Bun-sgoile FMG na h-Alba;
- 33.7% de sgoilearan Àrd-sgoile FMG na h-Alba a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-labhairt fileanta;
- 35.1% de sgoilearan Àrd-sgoile FMG na h-Alba a tha a' dèanamh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig; agus
- 51.1% de sgoilearan Àrd-sgoile FMG na h-Alba a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.

Thar beatha a' Phlana seo, tha a' Chomhairle ag amas air solar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig 0-18 – a tha seasmhach is gun bhriseadh – a chruthachadh agus a chumail suas (bho Ro-sgoil tro Bhun-sgoil agus gu ruige foghlam Àrd-sgoile). Leasaichidh seo bunait daingean airson foghlam, cànan agus cultar na Gàidhlig ann an lìonradh sgoiltean a tha air an suidheachadh gu ro-innleachdail air feadh sgìre na Gàidhealtachd. Gus an dà chuid fàs agus iarrtas a leasachadh is a stiùireadh, tha a' Chomhairle ag obair còmhla ri Bòrd na Gàidhlig gus earrann thràth bhliadhnaichean a stèidheachadh a bhios air a h-eagrachadh gu proifeiseanta, air a deagh ghoireasachadh, ag amas air an ùine-fhada, a bhios seasmhach, agus a bhios a' gabhail a-steach solar ro-sgoile agus cùram ro agus às dèidh sgoile.

Tha a' Chomhairle a' cur chothroman air dòigh do dh'inbhich gus a' Ghàidhlig ionnsachadh tro dhòigh-ionnsachaidh adhartach Ùlpan agus tro chlasaichean eile, airson còrr is 200 neach. Am measg na bhios a' gabhail com-pàirt, tha pàrantan chloinne ann am Foghlam Gàidhlig thar iomadh sgìre: Inbhir Nis, An Aghaidh Mhòr, Inbhir Narann, Druim na Drochaid, Baile an Athainn, Loch Abar, Inbhir Pheofharain, Port Rìgh, An t-Achadh Mòr, Am Ploc agus Slèite. Tha an obair leantainneach agus, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, thathar an dùil a leudachadh. Tha a' Chomhairle cuideachd a' toirt seachad seirbheis solar ghoireasan foghlaim agus fiosrachaidh do lìonradh nan sgoiltean; tha i cuideachd a' cur raon thachartasan is ghnìomhan air dòigh le amas a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean neo-

fhoirmeil, làitheil. Tha a' Chomhairle cuideachd a' solarachadh Seirbheis Eadar-theangachaidh Gàidhlig a thathar a' cleachdadh air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh, agus air an tèid beachdachadh airson leudachadh seirbheis cho-roinnte taobh a-staigh beatha a' Phlana.

Tha a' Chomhairle air Meòmhrachan Tuigse a shoidhnigeadh le Riaghaltas Roinneil Alba Nuadh agus le Sabhal Mòr Ostaig. Tha i a' cumail suas dàimhean matha a thaobh a bhith a' cur na Gàidhlig air adhart le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Ùghdarrasan eile, agus an dà chuid le buidhnean Gàidhlig agus buidhnean nach buin dhan Ghàidhlig, air feadh na Gàidhealtachd agus beatha phoblach na h-Alba.

Tha a' Chomhairle cuideachd air raon farsaing chom-pàirteachasan a thogail thar nan ealan, nam meadhanan agus a' chultair Ghàidhlig, agus chuir i iomairt shoirbheachail air dòigh gus craoladh Freeview fhaighinn airson BBC ALBA. Tha a' Chomhairle a' toirt taic dhan a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a tha, tro Chùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis leis a' Chomunn Ghàidhealach, gu bhith air a chumail sa Ghàidhealtachd ann an 2014, 2017 agus 2020. Tha a' Chomhairle cuideachd a' toirt taic do Fhèis Bhlas agus do na Fèisean, agus tha na tachartasan is na h-iomairtean sin uile a' cur ri mathas oideachail, cultarail agus eaconamach na Gàidhealtachd.

## **PÀIRT 5 GNÌOMH AIRSON FÀS – NA SIA CUSPAIREAN SA PHLANA**

Thèid a' Chomhairle ann an gnìomh fo na sia cuspairean a tha air an comharrachadh sa Phlana. Tha na Duilleagan-gnìomha sa Phlana a' toirt seachad gnìomhan sònraichte agus na toraidhean ris a bheil dùil, fo na cuspairean. Tha geàrr-chunntas gu h-ìseal a' mìneachadh nan cuspairean agus amasan farsaing na Comhairle fo gach fear.

### **Cuspair 1 – A' Ghàidhlig san Dachaigh**

Cuiridh a' Chomhairle air adhart cho cudromach 's a tha àrainneachdan na dachaigh agus an teaghlaich airson a bhith a' brosnachadh is a' toirt taic do dhaoine òga gu bhith dà-chànanach tron Ghàidhlig. Bheir i cuideachd seachad cothroman do phàrantan sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) gus a' Ghàidhlig ionnsachadh. Togaidh a' Chomhairle air a h-obair ann a bhith a' cur chlubaidhean is chur-seachadan às dèidh sgoile air dòigh do sgoilearan FMG, agus bheir i taic do sgeamaichean tagradaireachd phàrantach agus lìonraidhean phàrantan a bhios a' brosnachadh fàs ann am Foghlam Gàidhlig.

### **Cuspair 2 – A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd**

Ann an coimhearsnachdan, neartaichidh is meudaichidh a' Chomhairle gnìomhan a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig, agus meudaichidh i na cothroman do dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil. Cuiridh a' Chomhairle clasaichean Ionnsachadh Gàidhlig air dòigh ann an coimhearsnachdan, agus putaidh i airson ath-bhreithneachadh air èifeachdas is fòcas ionnsachadh Gàidhlig, gu h-àraid do dh'inbhich, sa choimhearsnachd. Nì a' Chomhairle ceangal le buidhnean Iomairt (com-pàirteachas coimhearsnachd) Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh sgìre na Comhairle, agus gabhaidh i os làimh dealbhadh agus lìbhrigeadh gnìomhan còmhla riutha, far a bheil sin iomchaidh.

### **Cuspair 3 – A’ Ghàidhlig ann am Foghlam**

Mar an solaraiche as motha de dh’Fhoghlam Gàidhlig, tha a’ Chomhairle mothachail mu na dleastanasan aice aig ìrean ionadail agus nàiseanta. Leanaidh a’ Chomhairle air adhart a’ tòiseachadh, a’ cur ri agus a’ toirt buaidh air slighe is buileachadh phoileasaidhean agus stiùireadh nàiseanta a thaobh na Gàidhlig, agus leanaidh i air adhart a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig air a gabhail a-steach ann an ath-bhreithneachaidhean is measaidhean ro-innleachdail Foghlaim le Comhairle na Gàidhealtachd. Tha a’ Chomhairle mothachail gu bheil feum air dealbhadh is leasachadh air an sgioba-obrach san ùine-fhada gus fàs seasmhach a chomasachadh ann am foghlam, agus gabhaidh i làn chom-pàirt leis an Riaghaltas gus obrachadh gu luath gu ruige fuasgladh. Gabhaidh a’ Chomhairle os làimh eacarsaich mhapaidd cuideachd, a’ sealltainn nan sgìrean sin sa Ghàidhealtachd a bhiodh comasach air taic a thoirt do dh’Fhoghlam Gàidhlig 0-18 gu seasmhach san ùine-fhada, agus siridh a’ Chomhairle meudachadh ann am Foghlam Gàidhlig tràth bhliadhnaichean, ro-sgoile, bun-sgoile agus àrd-sgoile.

### **Cuspair 4 – A’ Ghàidhlig san Àite-obrach**

Obraichidh a’ Chomhairle gus a’ Ghàidhlig a dhèanamh nas àbhaistiche thar Seirbheisean na Comhairle agus brosnachidh i com-pàirtichean libhrigidh agus cunnraidhean gus a’ Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche taobh a-staigh nan structaran aca. Cruinnichidh a’ Chomhairle an dàta bun-loidhne as ùire gus lìonradh de dhaoine le Gàidhlig a chomharrachadh thar nan Seirbheisean. Cuideachd, nuair a thathar a’ sgrùdadh phoileasaidhean is iomairtean, nì a’ Chomhairle cinnteach gu bheil a’ gabhail aire do na buaidhean matha is dona a dh’fhaodadh a bhith aca air a’ Ghàidhlig agus air leasachadh foghlaim. Brosnachidh a’ Chomhairle ìomhaigh na Gàidhlig aig Comataidhean na Comhairle agus aig tachartasan poblach a tha a’ Chomhairle a’ cur air dòigh. Cuideachd, brosnachidh i co-roinn fiosrachaidh agus cleachdadh ghoireasan ann an dòigh èifeachdach thar na h-earrainn poblaich. Nì a’ Chomhairle sgrùdadh cuideachd air cothroman do shaoranaich nas sine a bhruidhneas a’ Ghàidhlig, gus am bi cothrom aca a’ Ghàidhlig a bhruidhinn is a chluinntinn taobh a-staigh solar cùraim a tha air a mhaoineachadh leis a’ Chomhairle.

### **Cuspair 5 – A’ Ghàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas**

Nì a’ Chomhairle ceangal le Bòrd na Gàidhlig agus Alba Chruthachail gus buaidh a thoirt air ro-innleachd agus poileasaidh nàiseanta, le amas an àireamh dhaoine a tha a’ gabhail com-pàirt sna h-Ealain – a’ cleachdadh na Gàidhlig – a mheudachadh. Bheir a’ Chomhairle taic is neart do na ceangalan leis a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail agus na Mòdan Ionadail, agus meudaichidh i cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nam Fèisean agus tachartasan mòra eile a tha a’ faighinn maoinachadh bhon a’ Chomhairle taobh a-staigh na Gàidhealtachd. Bidh luchd-obrach na Comhairle ag obair gu dlùth le High Life na Gàidhealtachd (HLG) gus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail ann an Taighean-tasgaidh agus Tasglannan, agus cuideachd taobh a-staigh nan Taighean-tasgaidh Neo-eisimeileach a tha a’ faighinn maoinachadh bhon a’ Chomhairle. Tha a’ Chomhairle cuideachd ag iarraidh barrachd chothroman a thoirt do dhaoine a dhol an lùib na Gàidhlig tro ghnìomhachasan nam meadhanan is nan ealan, is tro na gnìomhachasan cruthachail. Tha i cuideachd airson com-pàirt a ghabhail le BBC ALBA gus raointean a chomharrachadh far am biodh iomairtean co-obrachail iomchaidh.

## **Cuspair 6 – A’ Ghàidhlig ann an Leasachadh Eaconamach**

Amaisidh a’ Chomhairle air ìomhaigh nas àirde a thoirt do na buannachdan eaconamach a tha an lùib na Gàidhlig agus dà-chànanaidh, ri taobh cultar agus dualchas, agus obraichidh i gus ìomhaigh na Gàidhlig a stèidheachadh ann an iomairtean leasachadh eaconamach agus turasachd san fharsaingeachd. Nì a’ Chomhairle sgrùdadh air an fhiosrachadh is air a’ chomhairle a th’ ann an-dràsta a thaobh comas-cosnaidh agus dreuchdan taobh a-staigh margaidh nan obraichean Gàidhlig. Bheir i mìneachadh cuideachd air buannachdan eaconamach is cultarail dà-chànanaidh agus an fharsaingeachd roghainnean dreuchdail is chothroman a tha a’ Ghàidhlig a’ toirt seachad. Cuiridh a’ Chomhairle ri dealbhadh sgioba-obrach san ùine-fhada a thaobh earrann nan obraichean Gàidhlig, agus meudaichidh i na buannachdan eaconamach a tha an lùib thachartasan Gàidhlig agus obair nam meadhanan taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd. Cruthaichidh a’ Chomhairle Ro-innleachd Margaidheachd agus Conaltraidh gus na buannachdan eaconamach, foghlaim agus cultarail a tha an lùib na Gàidhlig agus dà-chànanaidh a shoilleireachadh.

Tro ghnìomhan a tha air an comharrachadh fo gach fear de na sia cuspairean seo, tha amasan farsaing aig a’ Chomhairle na nithean a leanas a dhèanamh:

- **an àireamh luchd-labhairt àrdachadh;**
- **an raon chothroman gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh a mheudachadh;**
- **dà-chànanas a bhrosnachadh ann an coimhearsnachdan, san dachaigh agus ann am foghlam;**
- **foghlam, cànan agus dualchas na Gàidhlig a chumail suas agus a neartachadh;**
- **buannachdan eaconamach na Gàidhlig a mheudachadh;**
- **cur ri fàs san àm ri teachd sna h-ealain, sna meadhanan agus ann an cultar na Gàidhlig; agus**
- **inbhe agus follaiseachd na Gàidhlig a thogail nas àirde.**

## **PÀIRT 6 A’ LÌBHRIGEADH AGUS A’ GOIREASACHADH A’ PHLANA**

Mar phàirt den Sgioba Stiùiridh aig Stiùiriche Seirbheis an Fhoghlaim, a’ Chultair agus an Spòrs, stiùiridh Manaidsear Leasachadh Gàidhlig (MLG) na Comhairle libhrigeadh agus goireasachadh a’ Phlana. Bidh Sgioba Ghàidhlig na Comhairle a’ toirt taic don MLG, cuide ri com-pàirtichean air an taobh a-staigh agus a-muigh, far a bheil seo comasach agus freagarrach. Thèid dleastanas airson nan Gnìomhan sa Phlana a shònrachadh do dh’oifigearan stiùiridh air an taobh a-staigh, agus thèid planaichean-obrach agus prìomhachasan na Sgioba Gàidhlig a stiùireadh a rèir targaidean leasachaidh is leantainneach taobh a-staigh a’ Phlana.

Leanaidh a' Chomhairle air adhart a' tasgadh a stòrasan fhèin ann am foghlam, cànan agus cultar na Gàidhlig agus, far an urrainnear, feuchaidh i ri prìomhachasan agus stòrasan a th' ann mar-thà a chur an gnìomh a-rithist. Nì a' Chomhairle sgrùdadh cuideachd air gach cothrom maoineachaidh bhon an taobh a-muigh agus bho chom-pàirtichean, far a bheil sin iomchaidh. Tha sruthan maoineachaidh nàiseanta, agus dòigh-obrach phractaigeach a thaobh libhrigidh, air a bhith fìor chudromach airson a bhith a' stèidheachadh is a' cumail suas fàs sa Ghàidhlig, agus tha dealas làidir aig a' Chomhairle do dhòigh-obrach nàiseanta cho-aontachail is ro-innleachdail a thaobh maoineachadh Gàidhlig. Tha a' Chomhairle ag aithneachadh gu bheil i ag obair ann an àrainneachd fhiosgail, agus tha i airson coimhead air dòighean maoineachaidh mac-meamnach agus sùbailte a thaobh, mar eisimpleir, cosgaisean stèidheachaidh gus fàs a chomasachadh thar solar Foghlam Gàidhlig.

## **PÀIRT 7 AG ATH-BHREITHNEACHADH AGUS A' CUMAIL SÙIL AIR BUILEACHADH A' PHLANA**

Mar phàirt de sheata sgrìobhainnean corporra na Comhairle, thèid sgrùdadh a dhèanamh air Plana na Gàidhlig 2012-16 agus bidh an sgrùdadh seo a cheart cho mionaideach, agus taobh a-staigh nan aon chlàran-ama, ri Plana Corporra agus Planaichean Seirbheis na Comhairle. Bidh seo a' gabhail a-steach cunntas air coileanadh gach ràithe, a rèir Seirbheis an Fhoghlaim, a' Chultair agus an Spòrs; cearcallan sgrùdaidh Seirbheis an Àrd-oifigear; fiosrachadh agus Aithisgean do Chomataidh Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, agus Aithisg Buileachaidh Bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig. Mu dheireadh, tha e cudromach gu bheil am Plana sùbailte, gu bheil comas aige freagairt air atharrachaidhean suidheachaidh agus leasachadh rè a bheatha, agus gu bheil comas aige freagairt air cothroman a tha a' cur feum air sùbailteachd ann an dòigh-obrach no libhrigeadh.

## **PÀIRT 8 BEAG-FHACLAIR**

**Liosta de ghiorrachaidhean msaa ri dhol an seo.**

## Pàirt 9 Duilleagan-gnìomha airson nan Sia Cuspairean sa Phlana

### Cuspair 1. A' Ghàidhlig san Dachaigh

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Dachaigh	Gnìomhan a tha a dhith gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>1. A bhith a' cur air adhart cho cudromach 's a tha àrainneachdan na dachaigh agus an teaghlaich airson a bhith a' brosnachadh agus a' toirt taic do dhaoine òga gu bhith dà-chànanach tron Ghàidhlig.</p>	<p>Leasaichidh sinn tachartasan agus stuthan margaidheachd agus fiosrachaidh, a' cur air adhart gach buannachd a tha an lùib foghlam dà-chànanach tron a' Ghàidhlig, a' gabhail a-steach a bhith ga cleachdadh san dachaigh.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' cur a-mach fiosrachadh clàrachaidh ro-sgoile a tha a' brosnachadh dà-chànanais.</p> <p>Gheibh sinn fiosrachadh mun ìre de thaic agus de chomhairle – an dà chuid gu dìreach agus air-loidhne – a tha ri fhaighinn an-dràsta do phàrantan/luchd-dìona.</p>		<p>Iomairt mhargaidheachd a nì daoine nas mothachaile mu bhuanachdan dà-chànanais.</p> <p>Brosnachadh do phàrantan gus foghlam dà-chànanach tro mheadhan na Gàidhlig a thaghadh.</p> <p>Bidh tuilleadh thachartasan agus stuthan brosnachaidh – a' gabhail a-steach pasgan phàrant – a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha e a' Ghàidhlig a chleachdadh san dachaigh, agus an taic a tha ri fhaighinn.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012 agus pasgan ghoireasan phàrant ga dhèanamh 2012-13.</p>
<p>2. Cothroman a thoirt do phàrantan sgoilearan FMG gus a' Ghàidhlig ionnsachadh.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart a' cur chlasaichean cànan Ùlpan air dòigh timcheall air na Buidhnean Sgoiltean Buntainneach (BGBan), far a bheil FMG air a thoirt seachad.</p> <p>Nì sinn measadh air feumalachdan ionnsachaidh le pàrantan FMG gus fios fhaighinn mun iarrtas airson dhòighean ionnsachaidh eile.</p>		<p>Barrachd inbhich a' bruidhinn na Gàidhlig, agus barrachd chothroman do sgoilearan FMG gus a' Ghàidhlig a chleachdadh san dachaigh.</p> <p>Barrachd chlasaichean gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, agus àrdachadh thairis air an 200 inbheach a tha a' dèanamh Ùlpan ann an 2011.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012 agus an Anailis Feumalachdan Ionnsachaidh ga chriochnachadh ann an 2012.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Dachaigh	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
3. Clubaichean Às Dèidh Sgoile agus cur-seachadan a chur air dòigh do sgoilearan FMG.	Bheir sinn taic do chlubaichean às dèidh sgoile a th' ann mar-thà agus cuiridh sinn feadhainn eile air dòigh far a bheil sin seasmhach.		Barrachd chlubaichean is chur-seachadan a tha a' toirt cothrom do sgoilearan FMG a' Ghàidhlig a chleachdadh taobh a-muigh àrainneachd fhoirmeil a' chlas.	Leantainn air adhart bho 2012, le Clubaichean Às Dèidh Sgoile ùr sa Ghearasdan agus ann am Port Rìgh ann an 2012-13.
4. Taic a thoirt do sgeamaichean tagraidheachd phàrantail agus lìonraidhean phàrantan.	Bùithtean-obrach comhairleach a chur air dòigh do phàrantan FMG, agus obrachadh le pàrantan cuide ri com-pàirtichean eile a tha stèidhichte sa choimhearsnachd.		Bùithean-obrach poidhleatach do phàrantan san Eilean Sgitheanach agus Loch Abar.	Bùithtean-obrach phàrantach an Eilein Sgitheanaich is Loch Abar gan libhrigeadh ann an 2012-13, le leasachadh leantainneach a rèir iarrais.

## Cuspair 2. A' Ghàidhlig sa Choimhearsnachd

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sa Choimhearsnachd	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>1. Tachartasan agus leasachadh Gàidhlig a neartachadh agus a mheudachadh ann an coimhearsnachdan.</p>	<p>Libhrigidh sinn cleasan ionnsachaidh agus cur-seachad sa Ghàidhlig do theaghlaichean ann an coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd.</p> <p>Bheir sinn taic ghnìomhach agus tuilleadh leasachaidh air com-pàirteachasan coimhearsnachd ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.</p> <p>Brosnaichidh sinn cothroman airson conaltradh eadar-ghinealaich – eadar daoine nas sine agus daoine òga – far an tèid a' Ghàidhlig a bhruidhinn.</p> <p>Ann an com-pàirteachas le 'Sgoiltean Gnìomhach' tabhainnidh sinn trèanadh agus oideachadh Gàidhlig ann an diofar spòrsan do sgoilearan Àrd-sgoile FMG.</p>		<p>Barrachd thachartasan agus chur-seachadan ionnsachaidh do theaghlaichean sa Ghàidhlig.</p> <p>A' cur air dòigh agus a' libhrigeadh seachdain Ionnsachadh Teaghlaich sa Ghàidhlig san Eilean Sgitheanach gach bliadhna san Iuchar.</p> <p>Barrachd ceangail le com-pàirteachasan coimhearsnachd, leithid Iomairtean Bòrd na Gàidhlig.</p> <p>Barrachd chothroman airson libhrigeadh eadar-ghinealaich taobh a-staigh chur-seachadan.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>
<p>2. Barrachd chothroman a thoirt do dhaoine òga gus a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil roghainnean Gàidhlig air an gabhail a-steach ann an iomairtean com-pàirteach leithid Prògram Cur-seachadan Samhraidh High Life na Gàidhealtachd.</p>		<p>Barrachd roghainnean Gàidhlig am measg chur-seachadan coitcheann agus prògraman a' buntainn ri spòrs.</p> <p>A' cur air dòigh agus a' libhrigeadh <i>Seachdain nan Deugairean</i> do sgoilearan Àrd-sgoile gach bliadhna, aig</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012 le ceangal ùraichte le High Life na Gàidhealtachd.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sa Choimhearsnachd	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh ( <b>Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach</b> )	Na Toraidhean	Clàran-ama
	Leanaidh sinn air adhart a' libhrigeadh agus a' toirt tuilleadh leasachaidh air prògram ealain, meadhanan agus cur-seachad Gàidhlig, a bhios a' gabhail a-steach cleasan dràma, fiolm agus spòrs.		Sabhal Mòr Ostaig.	
3. Leantainn air adhart a' cur chlasaichean Gàidhlig air dòigh, stèidhichte sa choimhearsnachd.	<p>Leanaidh sinn air adhart a' cur chlasaichean cànan Ùlpan air dòigh.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' cur chlasaichean Còmhradh Gàidhlig air dòigh.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' cur raon chothroman ionnsachaidh neo-fhoirmeil air dòigh do dh'inbhich, a' gabhail a-steach feumalachdan taice a bharrachd.</p>		Barrachd chlasaichean ionnsachadh cànan agus barrachd inbheach ag ionnsachadh na Gàidhlig. Àrdachadh bhon 200 inbheach a tha a' gabhail chlasaichean Ùlpan Adhartach ann an 2011-12.	Leantainn air adhart bho 2012 le taic bho chom-pàirtichean bhon taobh a-muigh.
4. Ath-bhreithneachadh a dhèanamh air èifeachdas agus fòcas ionnsachadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.	Iarraidh sinn agus gabhaidh sinn com-pàirt ann an ath-bhreithneachadh air na cothroman a tha aig inbhich gus a' Ghàidhlig ionnsachadh, gus dèanamh cinnteach gu bheil na thathar a' libhrigeadh soirbheachail agus a' coinneachadh ri feumalachdan an luchd-ionnsachaidh. Thèid iomradh a thoirt air an Rannsachadh a rinneadh le Oilthigh Dhùn Èideann sa Chèitean 2010 – <b>Inbhich ag Ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba: Cothroman, Adhbharan agus Dùbhlain.</b>		<p>Measadh làithreach air dòighean agus solar ionnsachadh cànan ann an coimhearsnachdan.</p> <p>Bheir measadh foirmeil nàiseanta air Ùlpan fios air ais mu cho èifeachdach 's a tha e agus mu atharrachaidhean sam bith a dh'fhaodadh a bhith cuideachail a' dol air adhart.</p>	Obair ri thòiseachadh ann an 2012-13; targaid airson crìochnachadh: 2013-14.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sa Choimhearsnachd	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	Iarraidh sinn agus gabhaidh sinn com-pàirt ann an ath-bhreithneachadh air èifeachdas Ùlpan. Bu chòir dhan a seo a bhith a' gabhail a-steach fios air ais bho oidean, luchd-ionnsachaidh agus luchd-eagrachaidh nan cùrsaichean; nithear sgrùdadh air an structar prìse, na teirmean is na cumhaichean, agus measadh air feumalachdan san àm ri teachd.			
5. Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis (BSGI) a leasachadh mar mhòr-ionad leasachadh Gàidhlig airson Inbhir Nis agus na sgìrean mu thimcheall.	Bheir sinn tuilleadh leasachaidh air an dreuchd ceangal coimhearsnachd taobh a-staigh BSGI gus taic a thoirt do leasachadh Iomairt (com-pàirteachas coimhearsnachd) ann an Inbhir Nis.		Co-obrachadh agus com-pàirteachas as ùr eadar bhuidhnean Gàidhlig, le dealas obrachadh airson fàs brìgheil a thoirt air a' Ghàidhlig ann an Inbhir Nis.	Leantainn air adhart bho 2012.

### Cuspair 3. A' Ghàidhlig ann am Foghlam

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh ( <b>Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach</b> )	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>1. Ceangal a dhèanamh le com-pàirtichean a thaobh foghlam Gàidhlig nàiseanta agus iomairtean leasachaidh nas fharsainghe, a' gabhail a-steach Rannsachadh, Colabhairtean, Sgrùdaidhean agus Aithisgean barrantaichte a dh'fhaodadh fios a chur ri, agus buaidh a thoirt air, poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta.</p>	<p>Tro chom-pàirteachas le Buidheann Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig agus fòraman eile, tòisichidh sinn, cuiridh sinn ri, agus nì sinn ceangal le iomairtean Gàidhlig a bhios a' cur fios ri, agus a' toirt buaidh air, poileasaidh agus stiùireadh nàiseanta.</p> <p>Nì sinn ceangal le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlaim gus gnìomhan aontachadh bhon Aithisg den Ògmhios 2011 <b>'Foghlam Gàidhlig: A' Togail air Soirbheachadh, A' Dèiligeadh ri Bacaidhean'</b>.</p> <p>Nì sinn ceangal le tobraichean acadaimigeach iomchaidh a thaobh an cuid rannsachaidh air Dà-chànanas agus Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann an Alba.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' toirt taic do Sgeama Bhursaraidhean Gàidhlig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.</p> <p>Nì sinn cinnteach gu bheilear a' toirt fa-near do bhuilean nan sia Tachartasan Co-</p>		<p>Leantainn air adhart a' tòiseachadh, a' cur ri agus a' toirt buaidh air slighe agus buileachadh phoileasaidhean agus stiùireadh nàiseanta a thaobh na Gàidhlig.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	chomhairleachaidh air 25mh Ceann-bliadhna FMG nuair a thathar a' beachdachadh air Foghlam Gàidhlig aig ìre Comhairle agus Nàiseanta, far a bheil sin iomchaidh.			
2. Dèanamh cinnteach gu bheil Foghlam Gàidhlig agus Sgoiltean Gàidhlig a' leantainn air adhart a bhith air an gabhail a-steach ann an ath-bhreithneachaidhean is measaidhean ro-innleachdail Foghlam Chomhairle na Gàidhealtachd.	<p>Thèid beachdachadh air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith air foghlam Gàidhlig, taobh a-staigh Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail nan Oighreachdan Sgoile.</p> <p>Thèid beachdachadh air a' bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith air foghlam Gàidhlig, taobh a-staigh Ath-bhreithneachadh Ro-innleachdail Solar Foghlaim ann an Cathair-bhaile Inbhir Nis agus Trannsa an A96.</p> <p>Togaidh a' Chomhairle sgoiltean Gàidhlig sa Ghearasdan agus ann am Port Rìgh le taic bho Riaghaltas na h-Alba.</p> <p>Thèid tarraing air eòlasan a fhuair bho stèidheachadh agus fàs soirbheachail Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis nuair a thathar a' stèidheachadh sgoiltean Gàidhlig eile.</p>		Thèid leantainn air adhart a' beachdachadh air a' Ghàidhlig ann an ath-bhreithneachaidhean no measaidhean ro-innleachdail Foghlaim taobh a-staigh na Comhairle, a' gabhail aire do na riatanasan cànan sònraichte a tha an lùib GME.	Leantainn air adhart bho 2012.
3. Eacarsaich mhapaidd a dhèanamh a' sealltainn nan sgìrean sa Ghàidhealtachd a dh'fhaodadh taic a thoirt do dh'Fhoghlam Gàidhlig 0-18 gu seasmhach agus san ùine-fhada.	Cumaidh sinn co-chomhairle le Manaidsearan Foghlaim Sgìreil gus na sgìrean taobh a-staigh, no eadar, Buidhnean Sgoiltean Buntainneach (BSBan), a chomharrachadh mar sgìrean far am faodadh an solar a th'		Bidh sinn air raointean a chomharrachadh far an urrainn dhuinn solar Foghlam Gàidhlig 0-18 seasmhach agus gun bhriseadh a leasachadh (bho thràth bhliadhnaichean gu Bun-sgoil agus air adhart gu Àrd-	Mapadh tùsail ri chriochnachadh ann an 2012-13 agus sgìrean airson leasachadh rin comharrachadh. Mapadh leantainneach ri chriochnachadh ann an 2013-

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>ann an-dràsta a bhith air a cho-dhealbh agus/no a neartachadh gus solar Foghlam Gàidhlig a chuideachadh agus a stèidheachadh san ùine-fhada.</p> <p>Cumaidh sinn co-chomhairle taobh a-staigh na Seirbheis Foghlaim, Cultair agus Spòrs agus le Sgioba Thràth Bhliadhnaichean na Comhairle agus Bòrd na Gàidhlig gus dèanamh cinnteach gu bheil am fiosrachadh uile air solar 0-3 agus 3-5 ro-sgoile taobh a-staigh na Gàidhealtachd ceart agus làithreach.</p> <p>Comharraichidh agus cuidichidh sinn buidhnean sgoil-àraich 0-3 ann an àiteachan sònraichte gus clann a chur gu dìreach gu sgoiltean Ro-sgoile, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile FMG.</p> <p>Comharraichidh agus cuidichidh sinn solar 3-5 ro-sgoile, ann an àiteachan sònraichte, gus taic a thoirt dhan ghluasad gu Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean FMG.</p> <p>Cruinnichidh agus mapaidh sinn cur-seachadan agus leasachaidhean coimhearsnachd a' buntainn ris a' Ghàidhlig, taobh a-staigh BSBan agus thar na Gàidhealtachd.</p>		<p>sgoil).</p> <p>Bunait dìongalta airson foghlam, cànan agus cultar na Gàidhlig ann an lìonradh sgoiltean a tha air an suidheachadh gu ro-innleachdail air feadh na Gàidhealtachd.</p> <p>Sealladh farsaing air an Fhoghlam Ghàidhlig a tha ri fhaotainn, agus na cur-seachadan a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig, air feadh na Gàidhealtachd.</p>	14.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	Nì sinn ceangal le co-obraichean TFC gus goireas foghlaim agus coimhearsnachd didseatach/air-loidhne Gàidhlig, le mapadh-lìn, a chruthachadh airson fiosrachadh dhan a' phoball agus do phàrantan.			
4. An luchd-obrach a bhios a dhìth san àm ri teachd sna h-earrainean Ro-sgoile, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile a chomharrachadh.	<p>Cuiridh sinn fiosrachadh còmhla taobh a-staigh na Comhairle, a chuireas ri rannsachadh dealbhadh sgioba-obrach nàiseanta. Bheir seo cothrom dhuinn solar luchd-obrach agus thidsearan thràth bhliadhnaichean agus luchd-obrach taice ann am foghlam Bun-sgoile agus Àrd-sgoile a dhealbhadh.</p> <p>Rannsaichidh sinn na cothroman co-obrachaidh eadar Bun-sgoiltean agus Àrd-sgoiltean FMG, far a bheil solar teagaisg airson ÀS1 is ÀS2 a' cur feum air taic. (Faic cuideachd 13 gu h-iseal).</p>		Ro-innleachd sheasmhach, fhad-ùine airson dhreuchdan agus togail thidsearan. Bheir seo seachad an àireamh luchd-obrach barrantaichte a tha a dhìth gus coinneachadh ri feumalachdan na Gàidhlig thar foghlam Tràth Bhliadhnaichean, Bun-sgoile agus Àrd-sgoile.	Air a ghabhail os làimh taobh a-staigh frèam-ama Dealbhadh Sgioba-obrach Nàiseanta BnG.
5. Sgrùdadh a dhèanamh air an fheum/iarrtas airson Feumalachdan Taice a Bharrachd (FTB) reachdail ann am FMG.	Cuiridh sinn fiosrachadh còmhla taobh a-staigh na Comhairle mu sholar/iarrtas reachdail, agus cuiridh seo ri ath-bhreithneachadh nàiseanta FTB ann am FMG.		Dealbh nas soilleire a thaobh iarrtas reachdail FTB, a chuireadh fios ri ro-innleachd nàiseanta air FTB a' buntainn ri foghlam Gàidhlig.	Fiosrachadh ga chur còmhla ann an 2012-13, le dùil gum bi stiùireadh nàiseanta ri fhaotainn airson a chur an gnìomh ann an 2015.
6. Fiosrachadh bun-loidhne nàiseanta a stèidheachadh a thaobh na tha ri fhaotainn de ghoireasan ionnsachaidh air-loidhne, agus na tha gan	Nì sinn sgrùdadh agus cruthaichidh sinn stòr-dàta de na stuthan is na goireasan ionnsachaidh a tha rim faighinn an-dràsta air-loidhne.		Tar-sealladh nàiseanta air goireasan ionnsachaidh air-loidhne a bheir cothrom measadh agus leasachadh a dhèanamh air goireasan air-loidhne san àm ri teachd, do	Leantainn air adhart bho 2012

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
cleachdadh. Nithear seo an toiseach airson sgoiltean.	Gheibh sinn am fiosrachadh as ùire mu na h-ìrean cleachdaidh a thaobh ghoireasan ionnsachaidh air-loidhne; comharraichidh sinn raointean prìomhachais agus comharraichidh sinn cuspairean airson a bhith ag ùrachadh agus a' cruthachadh ghoireasan oideachail air-loidhne.		thidsearan, sgoilearan agus luchd-ionnsachaidh eile.	
7. Rannsachadh a dhèanamh air iarrtas agus seasmachd cùram-cloinne ro agus às dèidh sgoile ann am Foghlam Gàidhlig.	Gheibh sinn fios mun ìre iarrtais airson cùram-cloinne ro agus às dèidh sgoile taobh a-staigh FMG agus gabhaidh sinn pròiseact poidhleatach os làimh ann an sgìre fhreagarrach.		Slighe shoilleir a bhios a' gabhail a-steach cùram-cloinne ro agus às dèidh sgoile far a bheil solar FMG ann mar-thà.	Comharraich an ìre iarrtais ann an 2012-13 agus dealbhaich cùram-cloinne ro agus às dèidh sgoile mar phoidhleat airson 2013-14, ann an co-bhonn le co-dhùnidhean a' tighinn am bàrr bho eacarsaich mhapaiddh 0-18 FMG.
8. Rannsachadh a thòiseachadh air na dh'fheumas a bhith air a dhèanamh gus àireamhan sgoilearan a mheudachadh timcheall air na h-ìrean bunaiteach far am bi sgoilearan a' gluasad bho Sgoil-àraich gu Bun-sgoil, bho Bhun-sgoil gu Àrd-sgoil, agus taobh a-staigh ìrean na h-Àrd-sgoile.	Cuiridh sinn fiosrachadh còmhla taobh a-staigh na Comhairle, a chuireas ri pròiseact(an) rannsachaidh nàiseanta mu na prìomh cheumannan gluasaid. Cumaidh sinn suas, agus an uair sin àrdaichidh sinn an àireamh sgoilearan FMG a tha a' leantainn air adhart le FMG aig na diofar phrìomh cheumannan gluasaid.		Rannsachadh ionadail is nàiseanta a chomharraicheadh agus a chuireadh aghaidh ris na dùbhlain aig na prìomh cheumannan gluasaid ann am FMG.	A' cur dàta còmhla ann an 2013 agus a' leantainn air adhart bho sin a-mach.
9. Àrdachadh a thoirt air an àireimh dhaoine òga ann am Foghlam Gàidhlig a tha a' dol an lùib sgrìobhadh cruthachail sa Ghàidhlig.	Cuiridh sinn sreath bhùithtean-obrach sgrìobhadh cruthachail air dòigh ann an sgoiltean, le taic bho sgrìobhaichean Gàidhlig, gus fileantas agus litearras nan sgoilearan a thoirt		Barrachd sgoilearan a' dèanamh ceangal le sgrìobhaichean Gàidhlig agus a' gabhail com-pàirt ann an tachartasan sgrìobhadh cruthachail.	Ceangal le com-pàirtichean ann an 2012 agus buileachadh bhùithtean-obrach agus àrdachadh ann an àireamhan bho 2013-14 air adhart.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	air adhart.			
10. Earrann Thràth Bhliadhnaichean a stèidheachadh, a tha air a h-eagrachadh gu proifeiseanta, air a deagh ghoireasachadh, agus a tha seasmhach.	Stèidhichidh sinn prògram poidhleatach com-pàrteach 3 bliadhna le Bòrd na Gàidhlig, le 5 Luchd-obrach Tràth Bhliadhnaichean (co-ionnan ri làn-ùine) gus solar seasmhach a stèidheachadh taobh a-staigh na h-earrainn 0-3.		Cruthachadh earrann Thràth Bhliadhnaichean làidir agus leantail, a bhios a' cur chloinne air adhart gu solar ro-sgoile agus air adhart gu Foghlam Gàidhlig Bun-sgoile agus Àrd-sgoile.	Obair deasachaidh crìochnaichte ann an 2012, le ath-bhreithneachadh air slighe agus taic san àm ri teachd ann an 2013-14.
11. Àrdachadh a thoirt air an àireimh chloinne ann an solar 0-5.	Ann an co-bhonn le Bòrd na Gàidhlig, trèanaidh sinn 5 Luchd-obrach Tràth Bhliadhnaichean gus solar làithreach a rannsachadh is a chumail suas, agus fàs a chuideachadh is a leasachadh far a bheil sin iomchaidh.		Barrachd chloinne sna buidhnean Gàidhlig 0-3 agus barrachd chloinne a' dol air adhart gu Sgoiltean-àraich Gàidhlig 3-5 na Comhairle agus Ionadan Com-pàrteach eile.  Cuir a-steach figear bun-loidhne Ro-sgoil 3-5 Sultain 2011.	Leantainn air adhart bho 2012.
12. Àrdachadh a thoirt air an àireimh sgoilearan ann am foghlam Bun-sgoile FMG.	Cruthaichidh sinn stuthan brosnachaidh do phàrantan agus stuthan margaidheachd a' soilleireachadh buannachdan foghlam dà-chànanach.		Bidh %aois bun-loidhne ri fhaotainn às dèidh Cunntas-sluaigh Sgoiltean 2011  Barrachd stuthan brosnachaidh a' buntainn ri dà-chànanas, agus barrachd brosnachaidh do phàrantan gus foghlam dà-chànanach a thaghadh.	Leantainn air adhart bho 2012.
	Mar aig 3 gu h-àrd: comharraichidh agus bheir sinn taic do sholar ro-sgoile 3-5, ann an àiteachan sònraichte, gus taic a thoirt dhan ghluasad gu Bun-sgoiltean agus Àrd-			

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>sgoiltean FMG.</p> <p>Cuimsichidh sinn air fàs ann an Ullapul, Port Rìgh, Inbhir Pheofharain, Baile Dhubhthaich, Inbhir Narann agus sa Ghearasdan.</p> <p>Bheir sinn seachad stiùireadh agus taic do luchd-obrach buntainneach na Comhairle, a' gabhail a-steach luchd-obrach sgoiltean, gus comhairle a thoirt do phàrantan mu bhith a' taghadh foghlam dà-chànanach.</p>		Àrdachadh sa cheudad iomlan de sgoilearan Bun-sgoile a tha a' frithealadh FMG Bun-sgoile, gu h-àraid ann am Port Rìgh, Inbhir Pheofharain, Baile Dhubhthaich, Inbhir Narann agus sa Ghearasdan.	
13. Àrdachadh a thoirt air a' cheudad de sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla ann am Bun-sgoiltean a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.	Amaisidh sinn air Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig ann am Bun-sgoiltean (LGBS) sna Bun-sgoiltean sin a bhios a' cur sgoilearan gu dìreach air adhart gu Àrd-sgoiltean a bhios a' tabhann na Gàidhlig mar chuspair.		<p>Bidh %aois bun-loidhne ri fhaotainn às dèidh Cunntas-sluaigh Sgoiltean 2011</p> <p>Àrdachadh sa cheudad sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Beurla ann am Bun-sgoiltean a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.</p>	Leantainn air adhart bho 2012.
14. Àrdachadh a thoirt air a' cheudad de sgoilearan Àrd-sgoile a tha a' dèanamh Gàidhlig (luchd-labhairt fileanta).	Brosnaichidh sinn sgoilearan uile air P7 ann am FMG gus leantainn air adhart gu clasaichean Gàidhlig (luchd-labhairt fileanta) sa chiad bhliadhna san Àrd-sgoil.		<p>Bidh %aois bun-loidhne ri fhaotainn às dèidh Cunntas-sluaigh Sgoiltean 2011</p> <p>Àrdachadh sa cheudad iomlan de sgoilearan Àrd-sgoile a tha a' dèanamh Gàidhlig (luchd-labhairt fileanta).</p>	Leantainn air adhart bho 2012.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann am Foghlam	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	Nì sinn sgrùdadh air cothroman co-obrachaidh eadar Bun-sgoiltean FMG agus Àrd-sgoiltean FMG, far a bheil solar Gàidhlig airson ÀS1 agus ÀS2 a' feumachdainn taic. (Faic cuideachd 4 gu h-àrd).			
15. Àrdachadh a thoirt air a' cheudadh de sgoilearan Àrd-sgoile a tha a' gabhail chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.	Cuiridh sinn ri com-pàirteachas nàiseanta gus taic a thoirt do libhrigeadh chuspairean sa Ghàidhlig sna h-Àrd-sgoiltean a tha an-dràsta a' faighinn sgoilearan Bun-sgoile FMG.		<p>Bidh %aois bun-loidhne ri fhaotainn às dèidh Cunntas-sluaigh Sgoiltean 2011</p> <p>Àrdachadh sa cheudadh iomlan de sgoilearan Àrd-sgoile a tha a' gabhail chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.</p>	Leantainn air adhart bho 2012.
16. Àrdachadh a thoirt air a' cheudadh de sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Beurla ann an Àrd-sgoiltean a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.	<p>Comharraichidh sinn an comas airson leudachadh sna sgoiltean a th' ann mar-thà.</p> <p>Cuiridh sinn ri leasachadh ghoireasan nàiseanta air-loidhne.</p>		<p>Bidh %aois bun-loidhne ri fhaotainn às dèidh Cunntas-sluaigh Sgoiltean 2011</p> <p>Àrdachadh sa cheudadh iomlan de sgoilearan Àrd-sgoile a tha a' dèanamh Gàidhlig mar luchd-ionnsachaidh.</p>	Leantainn air adhart bho 2012.

#### Cuspair 4. A' Ghàidhlig san Àite-obrach

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Àite-obrach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
1. Dàta bun-loidhne làithreach a stèidheachadh a thaobh àireamhan agus suidheachadh luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle.	Nì sinn sgrùdadh air sgilean Gàidhlig, a bhios a' gabhail a-steach cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle.		Dàta bun-loidhne làithreach a bheir cothrom dhuinn lionradh de dhaoine le Gàidhlig a chomharrachadh thar nan Seirbheisean.	2012-13
2. Dearbhadh gum faod luchd-cleachdaidh a chuireas fios chun na Comhairle anns a' Ghàidhlig a bhith cinnteach gum faigh iad freagairt anns a' Ghàidhlig cuideachd.	Daingnichidh sinn an teachdaireachd seo thar Sheirbheisean na Comhairle uile, nam measg: a' Phrìomh Oifis, Ionadan Seirbheis, a' Phrìomh Ionad Seirbheis agus air-loidhne.		Le bhith a' cleachdadh fàilte dà-chànanach air fònaichean, agus ann an teachdaireachdan clàraichte, seallaidh seo gu bheil a' Ghàidhlig a' sìor fhàs nas àbhaistiche taobh a-staigh na Comhairle.	Thar nan Seirbheisean eadar 2012-14
	Leasaichidh sinn abairtean fàilteachaidh do luchd-obrach iomchaidh, bheir sinn seachad trèanadh no oideachadh fa leth far a bheil sin freagarrach, agus cleachdaidh sinn an t-Inneal Dà-chànanach air-loidhne againn le clàran fuaim.		Bidh am poball nas mothachaile gun urrainn dhaibh fios a chur chun na Comhairle anns a' Ghàidhlig agus gum faigh iad freagairt air ais bhon a' Chomhairle anns a' Ghàidhlig, taobh a-staigh nan amannan freagairt àbhaisteach.	
3. Càileachd àrd an Eadar-theangachaidh Ghàidhlig a tha air a thoirt seachad taobh a-staigh, agus leis, a' Chomhairle a chumail suas.	Soilleirichidh sinn – thar nan Seirbheisean uile – gu bheil e riatanach an t-seirbheis eadar-theangachaidh Ghàidhlig a chleachdadh airson càileachd agus cunbhalachd.		Seirbheis a tha a' toirt seachad eadar-theangachadh cunbhalach, aig ìre càileachd àrd, agus aig a bheil deagh chliù air an taobh a-staigh agus a-muigh.	Leantainn air adhart bho 2012.
	Nì sinn sgrùdadh air dòighean anns am faodamaid modail seirbheis co-roinnte a chruthachadh leis an earrainn phoblaich.			

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Àite-obrach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>Cumaidh sinn ceum ri leasachaidhean litreachaidh agus gabhaidh sinn com-pàirt a thaobh leasachaidhean ann an smachd air càileachd agus barrantachadh a' buntainn ri eadar-theangachadh.</p> <p>Leanaidh sinn air adhart ag obair ann an co-bhoinn le Ainmean-Àite na h-Alba agus a' toirt taic dhaibh mar na h-eòlaichean nàiseanta air ainmean-àite Gàidhlig.</p>			
<p>4. Ìomhaigh na Gàidhlig àrdachadh aig Comataidhean na Comhairle agus aig tachartasan poblach a tha a' Chomhairle a' cur air dòigh.</p>	<p>Thèid briathran fàilteachaidh coitcheann a chur an cèill sa Ghàidhlig gus am bi cothrom aig Cathraichean Choinneamhan agus Thachartasan an cleachdadh.</p> <p>Bheir sinn seachad trèanadh no oideachadh do dhaoine fa leth agus cleachdaidh sinn cuideachd an t-Inneal Dà-chànanach air-loidhne againn le clàran fuaim.</p>		<p>Ìomhaigh agus inbhe nas àirde airson na Gàidhlig, a' toirt fìor chomharra gu bheil taic chorpóra taobh a-staigh na Comhairle agus gu bheil a' Ghàidhlig a' fàs nas àbhaistice taobh a-staigh na Comhairle.</p>	<p>Thar nan Seirbheisean agus nan Comataidhean bho 2012-14</p>
<p>5. Taic a thoirt do Bhuill agus luchd-obrach na Comhairle a tha airson fàs nas mothachail mun Ghàidhlig, agus an comasan sa Ghàidhlig a thoirt air adhart.</p>	<p>Nì sinn mion-sgrùdadh air feumalachdan trèanaidh Gàidhlig thar nan Seirbheisean agus am measg nam Ball.</p> <p>Cuiridh sinn Trèanadh Aire mun Ghàidhlig air dòigh do Bhuill a tha air an Taghadh as ùr.</p> <p>Nì sinn ath-bhreithneachadh air an fheum airson Cùrsa Aire mun Ghàidhlig do Luchd-obrach na Comhairle.</p>		<p>Barrachd Bhall agus luchd-obrach a' gabhail com-pàirt leis a' Ghàidhlig agus ag ionnsachadh na Gàidhlig.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p> <p>Nì sinn ath-bhreithneachadh air a' Chùrsa Aire mun Ghàidhlig ann an 2012-13.</p> <p>Sgrùdaidh sinn far am faodamaid maoinachadh fhaighinn bhon taobh a-muigh ann an 2012.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Àite-obrach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnacadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>Nì sinn sgrùdadh air mar a dh'fhaodadh tobraichean bhon taobh a-muigh, leithid Maoin Ionnsachaidh Aonadh na h-Alba, a bhith air an cleachdadh gus taic a thoirt do bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig san àite-obrach.</p>			
<p>6. Sgrùdadh a dhèanamh air mar a dh'fhaodadh eòlas, àireamhan luchd-obrach agus goireasan a bhith air an co-roinn a thaobh solar chùrsaichean trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach.</p>	<p>Cuiridh sinn fios gu buidhnean eile san earrainn phoblaich, an toiseach ann an Inbhir Nis, leithid Dualchas Nàdair na h-Alba, Coimisean Coilltearachd na h-Alba, Ùghdarras nan Croitearan, Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean, NHS na Gàidhealtachd, Poileis a' Chinn a Tuath agus Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean gus measadh a dhèanamh air an iarrtas a tha nam measg airson trèanadh Gàidhlig.</p> <p>Ma bhios Inbhir Nis soirbheachail, coimheadaidh sinn air cothroman eile mar seo taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.</p>		<p>Bidh barrachd co-obrachaidh, co-roinn fiosrachaidh agus cleachdadh èifeachdach ghoireasan thar na h-earrainn poblaich a' ciallachadh gum bi barrachd chlasaichean cànan ann le àireamhan seasmhach.</p>	<p>Eacarsaich sgrùdaidh ann an 2012-2013.</p>
<p>7. Sgrùdadh a dhèanamh air cothroman do dhaoine nas sine le Gàidhlig, a bhith a' bruidhinn agus a' cluinntinn na Gàidhlig taobh a-staigh solar cùraim a tha air a mhaoineachadh leis a' Chomhairle.</p>	<p>Nì sinn measadh air an iarrtas airson daoine nas sine le Gàidhlig a bhith a' bruidhinn agus a' cluinntinn na Gàidhlig taobh a-staigh solar cùraim a tha air a mhaoineachadh leis a' Chomhairle. Nì sinn measadh cuideachd air comas na Comhairle gus seo a sholarachadh.</p>		<p>Faodaidh barrachd dhaoine nas sine ann an solar cùraim air a mhaoineachadh leis a' Chomhairle còmhraidhean a chumail sa Ghàidhlig agus cur-seachad fhaighinn tro cheòl traidiseanta.</p>	<p>Measadh air feum/iarrtas crìochnaichte ann an 2013.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig san Àite-obrach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
8. Structar ùr a thoirt air na h-eileamaidean Gàidhlig air Làrach-lìn na Comhairle.	<p>Nì sinn ath-bhreithneachadh air na duilleagan uile a tha a' buntainn ris a' Ghàidhlig air an làrach-lìn, agus cruthaichidh sinn raon ùr le teachdaireachd shoilleir mu bhuannachdan dà-chànanais.</p> <p>Bidh an dàrna ceum den eacarsaich ag amas air a' Ghàidhlig fhilleadh a-steach dhan làrach-lìn air fad.</p>		Raon ùr Gàidhlig air an làrach-lìn, a' gabhail a-steach fiosrachadh mu fhoghlam, dà-chànanas, an t-inneal ionnsachaidh, leasachaidhean Gàidhlig thar na Comhairle agus ceangalan leis na com-pàirtichean againn.	Leantainn air adhart bho 2012.
9. Dèanamh cinnteach, nuair a thathar a' sgrùdadh phoileasaidhean is iomairtean na Comhairle, gu bheil a' gabhail aire dha na buaidhean matha is dona a dh'fhaodadh a bhith aca air leasachadh cànan agus foghlam na Gàidhlig.	<p>Thèid Measadh Buaidh air a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den liosta-sgrùdaidh 'cunnairt' airson beachdachadh air iomairtean poileasaidh.</p> <p>Thèid 'Gàidhlig' a chur ri liosta nan 'Seaghan' air a bheil a' beachdachadh ann am pàipearan uile Chomataidhean na Comhairle.</p>		Mar phàirt de na pròiseasan measadh poileasaidh is dèanamh cho-dhùnidhean aice, bidh a' Chomhairle a' gabhail aire do na buaidhean is na teachdaireachdan matha agus dona a dh'fhaodadh a bhith ann a thaobh na Gàidhlig.	Leantainn air adhart bho 2012
10. Ath-bhreithneachadh a dhèanamh air an t-susbaint Ghàidhlig a tha taobh a-staigh nan Cùmhnantan Coitcheann, nan Aontaidhean Libhrigeadh Seirbheis agus nan Clàran buntainneach againn.	<p>Nì sinn tiotalan msaa anns na h-Aontaidhean is na Cùmhnantan làithreach againn dà-chànanaich.</p> <p>Nì sinn ath-bhreithneachadh thar nan Seirbheisean gus slatan-tomhais sònraichte Gàidhlig a ghabhail a-steach sna Tabhartasan, sna Cùmhnantan Libhrigeadh Seirbheis agus sna Cùmhnantan Malairteach againn.</p>		Bidh a' Ghàidhlig a' sior fhàs àbhaisteach taobh a-staigh na Comhairle, agus cleachdar buaidh na Comhairle gus com-pàirtichean a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a dhèanamh nas follaisiche taobh a-staigh nan structaran aca fhèin.	2014

**Cuspair 5. A' Ghàidhlig sna Meadhanan, sna h-Ealain agus ann an Dualchas**

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
1. Buaidh a thoirt air ro-innleachd agus poileasaidh Gàidhlig taobh a-staigh nam Meadhanan, nan Ealan agus Dualchas.	<p>Gabhaidh sinn com-pàirt ann a bhith ag ath-sgrùdadh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan, nam Meadhanan agus a' Chultair Ghàidhlig.</p> <p>Gabhaidh sinn com-pàirt ann an obair Fòram Comhairleachaidh Ro-innleachd Nàiseanta nan Ealan Ghàidhlig agus a bhuidhnean obrach co-cheangailte.</p>		Ro-innleachd ùr-nodha agus lèirsinneach airson Ealain, Meadhanan agus Cultar na Gàidhlig, fo bhuidh Chomhairle na Gàidhealtachd.	Leantainn air adhart bho 2012.
2. Leantainn air adhart a' maoinachadh, a' toirt taic agus a' brosnachadh fàs a thaobh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail (MNR) air Ghàidhealtachd.	Obraichidh sinn leis A' Chomunn Ghàidhealach agus luchd-ùidh eile gus àrdachadh a thoirt air an àireimh chom-pàirtichean agus luchd-tadhail aig Mòdan Nàiseanta Rìoghail air Ghàidhealtachd.		<p>Barrachd dhaoine a' gabhail com-pàirt ann am farpaisean agus a' tadhal air a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail air Ghàidhealtachd.</p> <p>Ìomhaigh nas follaisiche airson a' Mhòid tro bharrachd chothroman comharrachaidh agus margaidheachd.</p>	Obair-deasachaidh ann an 2012-13, a' coimhead air adhart ris a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Inbhir Nis ann an 2014.
3. Leantainn air adhart a' toirt taic dha na Mòdan Roinneil/Ionadail taobh a-staigh na Gàidhealtachd.	Nì sinn ath-bhreithneachadh air Mòdan Roinneil/Ionadail taobh a-staigh na Gàidhealtachd, agus comharraichidh sinn gnìomhan a mheudaicheas na tha a' gabhail com-pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Inbhir Nis ann an 2014.		Fiosrachadh as ùr mu na tha a' gabhail com-pàirt an-dràsta ann am Mòdan Roinneil/Ionadail, agus plana gus àireamhan chom-pàirtichean ann am farpaisean a thoirt am meud ann an Inbhir Nis ann an 2014.	Leantainn air adhart bho 2012.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnacadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>4. Leantainn air adhart a' toirt taic do, agus togail air, cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh nam Fèisean agus tachartasan mòra eile a tha air am maoinneachadh leis a' Chomhairle air Ghàidhealtachd.</p>	<p>Nì sinn measadh air na h-eileamaidean Gàidhlig a tha taobh a-staigh nan Cùmhnantan Libhrigeadh Seirbheis againn le Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Rois agus thèid sinn an gnìomh far a bheil sin iomchaidh.</p> <p>Siridh sinn dòighean gus buaidh na Gàidhlig a mheudachadh taobh a-staigh ionadan luchd-turais, iomairtean, tachartasan agus fèisean a tha air am maoinneachadh leis a' Chomhairle agus High Life na Gàidhealtachd.</p> <p>Nì sinn cinnteach gu bheil ìomhaigh Blas, mar fhèis dà-chànanach, air a togail.</p>		<p>Àrdachadh ann an ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh iomairtean, tachartasan agus fèisean a tha air am maoinneachadh leis a' Chomhairle.</p>	<p>Ath-bhreithneachadh air Cùmhnantan Libhrigeadh Seirbheis ann an 2012-13 agus thèid atharrachaidhean sam bith a chur an gnìomh ann an 2013-14.</p> <p>Com-pàirteachas le HLG tro Chlàr nan Cùmhnantan Libhrigeadh Seirbheis a' leantainn air adhart bho 2012.</p>
<p>5. Àrdachadh a thoirt air an àireimh cothroman a tha ann gus na h-ealain lèirsinneach, ceòl, litreachas, fiolm/meadhanan agus dannsa Gàidhlig a leasachadh.</p>	<p>Libhrigidh sinn cothroman airson nan cur-seachadan seo tro na h-aontaidhean com-pàirteach, na Cùmhnantan Libhrigeadh Seirbheis agus na Meòmhrachain Tuigse againn.</p> <p>Cuiridh sinn tachartasan litreachais agus leughaidhean air dòigh ann an Leabharlannan High Life na Gàidhealtachd.</p> <p>Cruthaichidh sinn cothroman do dhaoine òga gus com-pàirt a ghabhail ann am pròiseactan ioma-mheadhain innleachdach agus ùr-nodha.</p>		<p>Barrachd cothroman do dhaoine gus com-pàirt a ghabhail leis a' Ghàidhlig tro ghnìomhachasan nam meadhanan, nan ealan agus a' chultair.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>
<p>6. Àrdachadh a thoirt air an</p>	<p>Dealbhadh sinn prògram</p>		<p>Dòigh-obrach ro-innleachdail</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
àireimh dhaoine òga a tha an lùib dràma Gàidhlig gus an comas cànan aca a leasachadh.	poidhleatach airson dràma ann an sgoiltean, a bhios ceangailte ris a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais.		airson a bhith a' toirt dhaoine òga an lùib nan ealan fhaireachdail, agus gus an comasan cànan a leasachadh.	agus ceangailte ris a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais agus an t-Ath-bhreithneachadh air Roinnleachd nan Ealan Gàidhlig.
7. Ceangal a dhèanamh leis na meadhanan agus barrachd feum a dhèanamh dhiubh gus susbaint, inbhe agus ìomhaigh na Gàidhlig a thogail.	<p>Nì sinn ceangal le BBC ALBA gus raointean a chomharrachadh far am biodh ìomairtean co-obrachail freagarrach.</p> <p>Comharraichidh sinn far am faodadh barrachd Gàidhlig a bhith air stèiseanan rèidio taobh a-staigh na Gàidhealtachd.</p> <p>Cuiridh sinn a-mach fiosan naidheachd gu cunbhalach gus ìomhaigh agus libhrigeadh na Gàidhlig a thogail taobh a-staigh na Comhairle.</p> <p>Nì sinn measadh air na tha a dhìth airson trèanadh sna meadhanan agus cuiridh sinn cùrsaichean agus taic ìomchaidh air dòigh.</p>		<p>Deagh ìomhaigh na Comhairle a' leantainn air adhart a thaobh a h-oidhirpean gus craoladh Gàidhlig a thoirt am meud.</p> <p>Deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle, le barrachd Bhall agus luchd-obrach air an trèanadh ann a bhith a' làimhseachadh is a' cumail suas dàimh leis na meadhanan.</p>	Ceangal le BBC ALBA ann an 2013, agus nithear ath-bhreithneachadh air cothroman le Stèiseanan Rèidio às dèidh sin.
8. Aire a thogail mu na h-eileamaidean Gàidhlig ann an eachdraidh na Gàidhealtachd agus so-mhaoin dualchais.	Obraichidh sinn ann an com-pàirteachas le buidhnean dualchais coimhearsnachd agus saor-thoileach a tha air am maoin eachadh leis a' Chomhairle agus HLG gus ìomhaigh dualchas Gàidhlig nan sgìrean ionadail a thogail.		<p>Bidh ìomhaigh cultar agus dualchas na Gàidhlig nas follaisiche air Ghàidhealtachd.</p> <p>Bidh ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig nas follaisiche ann an taisbeanaidhean agus ann an ionadan dualchais a tha air am</p>	Ceangal le HLG ann an 2013-14 gus ath-bhreithneachadh a dhèanamh air tabhartas agus ìomhaigh na Gàidhlig ann an earrainn an dualchais.

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig sna h-Ealain, sna Meadhanan agus ann an Dualchas	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chrìochnachadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>Obraichidh sinn gu dlùth le High Life na Gàidhealtachd gus iomhaigh na Gàidhlig a thogail ann an Taighean-tasgaidh agus Tasglannan HLG agus cuideachd taobh a-staigh Thaighean-tasgaidh neo-eisimeileach a tha air am maoineachadh leis a' Chomhairle.</p>		<p>maoineachadh le HLG agus leis a' Chomhairle.</p>	
<p>9. Goireasan a leasachadh mu dhualchas na sgìre ann an raon mheadhanan agus ann an co-bhonn le muinntir na Gàidhlig anns gach àite.</p>	<p>Gabhaidh sinn com-pàirt san dàrna Bliadhna Tilleadh Dhachaigh a dh'Alba ann an 2014; thèid am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chumail air an aon bhliadhna ann an Inbhir Nis.</p> <p>Coimheadaidh sinn air dòighean mac-meanmnach is innleachdach gus am Meòmhrachan Tuigse eadar a' Chomhairle agus Riaghaltas Roinneil Alba Nuadh a bhuileachadh.</p> <p>Nì sinn ceangal, far a bheil sin iomchaidh, le àiteachan eile far a bheil muinntir na Gàidhlig a' còmhnaidh. Gus seo a dhèanamh, nì sinn feum de dh'uidheamachd airson conaltradh air astar.</p>		<p>Bidh a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach den Chomhairle, taobh a-staigh Tilleadh Dhachaigh 2014.</p> <p>Cleachdaidh sinn co-labhairt-bhidio agus dòighean conaltraidh eadar-obrachail eile gus am Meòmhrachan Tuigse a libhrigeadh.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>

**Cuspair 6. A' Ghàidhlig ann an Leasachadh Eaconamach**

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann an Leasachadh Eaconamach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnacadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>1. Sgrùdadh a dhèanamh air an fhiosrachadh is air a' chomhairle a th' ann an-dràsta a thaobh comas-cosnaidh agus dreuchdan taobh a-staigh margaidh nan obraichean Gàidhlig.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart a' cur ri ath-bhreithneachadh agus ùrachadh Aithisg 2008 – <b>A' Tomhas Margaidh Obrach na Gàidhlig: Comasachd Làithreach is san Àm ri Teachd.</b></p> <p>Leanaidh sinn air adhart a' cur ri bhith a' leasachadh iomairt chomhairle mu dhreuchdan agus sgilean Gàidhlig. A' cleachdadh litreachas/teicneòlasan agus eisimpleirean freagarrach, mìnichidh an iomairt seo na buannachdan foghlaim, eaconamach agus cultarail a tha an lùib dà-chànanaidh agus an fharsaingeachd roghainnean is chothroman dreuchdail a tha a' Ghàidhlig a' toirt seachad.</p>		<p>Fiosrachadh bun-loidhne agus rannsachadh ùr gus an urrainnear oidhirp a dhèanamh gus an àireamh dhaoine a tha a' tighinn a-steach dhan mhargaidh obrach Ghàidhlig a thoirt am meud.</p> <p>Seirbheis fiosrachaidh mu dhreuchdan a tha soilleir is cunbhalach, le aonta gu bheil làn-chòir aig neach òg air seirbheisean fiosrachaidh, comhairle is stiùiridh èifeachdach a thaobh dhreuchdan. Bidh roghainnean a thaobh na Gàidhlig air an gabhail a-steach dhan t-seirbheis cuideachd.</p>	<p>Ath-bhreithneachadh agus ùrachadh aithisg 2008 ri dhealbhadh ann an 2012-13.</p> <p>Stuthan dreuchdail agus iomairt ri leantainn air adhart bhon a seo.</p>
<p>2. Cur ri dealbhadh sgioba-obrach san ùine-fhada a thaobh earrann nan obraichean Gàidhlig.</p>	<p>Tòisichidh agus gabhaidh sinn com-pàirt ann an eacarsaich gus sgioba-obrach agus sgilean, sgrùdadh agus dealbhadh Gàidhlig a leasachadh san ùine-fhada.</p>		<p>Ro-innleachd cosnaidh fad-ùine a thaobh na Gàidhlig. Bidh seo a' gabhail a-steach obraichean sna tràth bhliadhnaichean, tro earrainn an fhoghlaim gu na meadhanan, agus le cothroman leasachaidh nas fharsainge a thaobh na Gàidhlig.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012, agus ann an co-bhoinn le ro-innleachd dealbhadh sgioba-obrach nàiseanta.</p>
<p>3. Ìomhaigh na Gàidhlig a stèidheachadh ann an iomairtean leasachadh</p>	<p>Thèid a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach ann an liostaichean-sgrùdaidh pròiseis, gus</p>		<p>Fior chomharra gu bheilear a' dèanamh na Gàidhlig nas àbhaistice taobh a-staigh na</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2013.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann an Leasachadh Eaconamach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnacadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàirteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
<p>eaaconamach coitcheann agus ann an turasachd.</p>	<p>dèanamh cinnteach gu bheil a' toirt fa-near do chothroman airson follaiseachd agus cleachdadh a' chànain aig ìre dealbhadh phròiseactan.</p> <p>Nì sinn cinnteach à ìomhaigh agus lèireas nas follaisiche airson dà-chànanas ann an leasachaidhean malairteach agus marsantach, agus ann an iomairtean dealbhadh eaconamach agus leasachaidh nas fharsainge.</p> <p>Togaidh sinn barrachd air aonta na Comhairle le VisitScotland a tha ga chur mar riatanas gu bheil a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach nuair a tha iad a' brosnachadh cultar àraid na Gàidhealtachd, agus a' toirt na Gàidhlig an lùib an iomairtean margaidheachd.</p>		<p>Comhairle, agus ìomhaigh is cleachdadh na Gàidhlig air an togail ann am prìomh leasachaidhean malairteach, marsantach agus luchd-tadhail.</p>	
<p>4. Na buannachdan a tha an lùib thachartasan Gàidhlig agus obair nam meadhanan taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd a mheudachadh.</p>	<p>Gheibh sinn fios air far an urrainn dhuinn barrachd buaidh eaconamach a thoirt à tachartasan Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.</p> <p>Nì sinn barrachd leasachaidh air Sgrùdadh Measadh Buaidh Eaconamaich a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail nuair a tha e air a chumail taobh a-staigh na Gàidhealtachd.</p>		<p>Ìomhaigh nas àirde do bhuannachdan eaconamach na Gàidhlig agus dà-chànanas, ri taobh cultar agus dualchas.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p> <p>Ceangal le Coimisean Fiolm Gàidhealtachd na h-Alba ann an 2013-14.</p>

Ar n-Amasan airson na Gàidhlig ann an Leasachadh Eaconamach	Gnìomhan a tha a dhìth gus na h-Amasan a choileanadh	Com-pàirteachas gus na Gnìomhan a libhrigeadh (Ri chriochnacadh às dèidh deasbaireachd le buidhnean com-pàrteach)	Na Toraidhean	Clàran-ama
	<p>Obraichidh sinn gus an àireamh dhaoine a tha a' gabhail com-pàirt sa Mhòd Nàiseanta Rìoghail a thogail agus gus sponsaireachd a bharrachd a tharraing chun an tachartais.</p> <p>Nì sinn ceangal le Coimisean Fiolm Gàidhealtachd na h-Alba agus fios fhaighinn air far am faodadh ìomhaigh agus cleachdadh na Gàidhlig a bhith air a leasachadh barrachd sa ghnìomhachas aca.</p> <p>Nì sinn sgrùdadh ach am faic sinn co dhiubh a dh'fhaodadh Fèis nam Meadhanan Ceilteach a bhith air a cumail sa Ghàidhealtachd aig àm freagarrach.</p>			
<p>5. Ro-innleachd a leasachadh gus ìomhaigh dà-chànanaid, agus na buannachdan a tha na lùib, a thogail.</p>	<p>Cruthaichidh sinn Ro-innleachd Margaidheachd agus Conaltraidh gus na buannachdan eaconamach, foghlaim agus cultarail a tha an lùib na Gàidhlig agus dà-chànanaid a shoilleireachadh.</p>		<p>Dòigh-obrach eagraichte, phroifeiseanta a thaobh 'margaidheachd' na Gàidhlig, agus barrachd tuigse, is gabhail ri, cudromachd a' chànain.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>
<p>6. Taic a thoirt do chothroman do dhaoine òga gus eòlas obrach fhaighinn ann an àrainneachd Ghàidhlig.</p>	<p>Leanaidh sinn air adhart a' toirt taic do bhith a' cruthachadh ghreisean-obrach a' buntainn ris a' Ghàidhlig, taobh a-staigh bhuidhnean ìomchaidh.</p>		<p>Bidh iadsan a ghabh com-pàirt aig a' cheann thall a' sireadh cosnadh a bheir cothrom dhaibh a' Ghàidhlig a chleachdadh.</p>	<p>Leantainn air adhart bho 2012.</p>